

# Achd Sgoiltean (Co-chomhairle) (Alba) 2010

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim den mholadh le Comhairle na Gàidhealtachd gus solar foghlaim a thoirt gu ceann aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain.

An Cèitean 2023

## 1. Ro-ràdh

1.1 Chaidh an aithisg seo le Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh (Luchd-sgrùdaidh an Rìgh) a rèir teirmichean [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairle\) \(Alba\) 2010](#) (“Achd 2010”). 'S e adhbhar na h-aithisg seo beachdachadh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach a libhrigeadh air moladh Comhairle na Gàidhealtachd gus solar foghlaim a thoirt gu ceann aig Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain. Tha fiosrachadh goirid ann an Roinn 2 den aithisg air a' phròiseas conaltraidh. Tha Roinn 3 den aithisg ag innse beachdachadh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air taobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan sònraichte air an toirt seachad le luchd-co-chomhairle. Tha Roinn 4 a' toirt geàrr-chunntas air sealladh iomlan Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air a' mholadh. Nuair a gheibhear an aithisg seo, tha an Achd ag òrdachadh gum beachdaich a' chomhairle air agus an uair sin ullachadh iad aithisg co-chomhairle dheireannach. Bu chòir an aithisg seo a bhith an lùib aithisg co-chomhairle dheireannach na comhairle, còmhla ri mìneachadh air ciamar, ann an dèanamh a' mholaidh dheireannaich, a rinneadh ath-sgrùdadh air a' chiad mholadh, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas air puingean a chaidh a thogail anns a' phròiseas co-chomhairle agus freagairt na comhairle fhèin riutha. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairle dheireannach aca fhoillseachadh trì seachdainean mus dèan iad an co-dhùnadh mu dheireadh. Far a bheil comhairle a' moladh sgoil a dhùnadh, feumaidh iad na dleastanasan reachdail air fad a tha ann an Achd 2010 a leantainn. Tha seo a' gabhail a-steach fios gu Ministearan taobh a-staigh sia làithean obrach an dèidh dhaibh a thighinn chun a' cho-dhùnaidh dheireannaich agus mìneachadh do luchd-co-chomhairle gu bheil cothrom aca air riochdachaidhean a dhèanamh chun nam Ministearan agus na h-ullachaidhean spèisealta a tha co-cheangailte ri molaidhean a thaobh sgoil dhùthchail a dhùnadh.

1.2 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air:

- na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh air clann agus òganaich san sgoil; agus luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a bhios nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna bho chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus òganaich eile ann an sgìre na comhairle; agus anns a' choimhearsnachd;
- buaidhean buailteach sam bith eile aig a' mholadh;
- ciamar a tha a' chomhairle an dùil droch bhuaidhean sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr bhon mholadh a lùghdachadh no a sheachnadh; agus
- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle an dùil a thig bho bhuileachadh a' mholaidh, agus adhbharan na comhairle airson nam beachdan seo a ruigsinn.

1.3 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh an Rìgh na gnìomhan a leanas os làimh:

- beachdachadh air a h-uile sgrìobhainn iomchaidh a chaidh a sholarachadh leis a' chomhairle a thaobh a' mholaidh, gu sònraichte aithris nan sochairean foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairle co-cheangailte, freagairtean sgrìobhte agus labhairteach bho phàrantan is eile; agus
- tursan gu Bun-sgoil Shìldeig, Àrd-sgoil Gheàrrloch agus Ionad Coimhearsnachd Thoirbheartain a' gabhail a-steach conaltradh ri luchd-co-chomhairle iomchaidh.

1.4 Leis gum bi am moladh a' leantainn air adhart gu dùnadh sgoil dhùthchail, thug Luchd-sgrùdaidh an Rìgh fa-near beachdachadh na comhairle mu roghainnean reusanta sam bith eile seach a bhith a' dùnadh Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain, a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige air a' choimhearsnachd ionadail agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig an dùnadh air ullachaidhean siubhail eadar-dhealaichte sam bith.

## 2. Pròiseas Co-chomhairle

2.1 Ghabh Comhairle na Gàidhealtachd co-chomhairle air na molaidhean aca os làimh a thaobh [Achd Sgoiltean \(Co-chomhairle\) \(Alba\) 2010](#).

2.2 'S e sgoil dhùthchail iomallach a th' ann am Bun-sgoil Thoirbheartain. Dhùin a' chomhairle Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain gu sealach ann an 2012. Tha an sgoil air a bhith dùinte bhon àm sin. Tha ro-innse clàr-sgoile Chomhairle na Gàidhealtachd a' sealltainn gu bheil còignear cloinne de aois bun-sgoile agus aon phàiste ro-sgoile san sgìre-sgoile am-bliadhna. Tha clann às an sgìre an-dràsta a' frithealadh Bun-sgoil Shìldeig a tha seachd mìle bho Bhun-sgoil Thoirbheartain. Bho 2019, tha Comhairle na Gàidhealtachd air conaltradh le muinntir na sgìre agus buidhnean coimhearsnachd mu dhùnadh na sgoile. San t-Samhain 2022, dh'innis Comhairle na Gàidhealtachd do phàrantan na sgìre gun robh iad a' beachdachadh air co-chomhairle fhoirmeil a dhèanamh mu dhùnadh agus dh'iarr iad am beachdan.

2.3 Ruith a' cho-chomhairle reachdail airson dùnadh Bun-sgoil Thoirbheartain eadar 27 Gearran agus 21 Giblean 2023. Chaidh lethbhreac den mholadh a thoirt do luchd-ùidh, a' gabhail a-steach pàrantan a h-uile sgoileir a bha a' frithealadh Bun-sgoil Shìldeig, agus buidhnean coimhearsnachd san sgìre. Chaidh coinneamh phoblach a chumail air 28 Màrt 2023, far an robh 20 ball den phoball an làthair. Fhuair a' chomhairle ceithir freagairtean bho dhaoine fa leth agus bho bhuidhnean san sgìre. Thog grunn luchd-ùidh draghan mu thaobhan den cho-dhùnadh agus pròiseas tùsail gus an sgoil a dhùnadh gu sealach agus dè cho math 's a tha a' chomhairle air an làrach a chumail suas bho 2012. Thog luchd-ùidh dragh am biodh dùnadh na sgoile a' ciallachadh nach robh an sgìre cho tarraingeach do theaghlachan a' gluasad a-steach, ged a thug luchd-ùidh fa-near cuideachd gu bheil gainnead thaighean aig prìs reusanta agus deagh chothroman cosnadh cuideachd nan cnap-starra. Ghabh sgoilearan Bun-sgoil Shìldeig pàirt ann an eacarsaich co-chomhairle. San eacarsaich seo, bha mòr-chuid de chlann sgìre Thoirbheartain a' faireachdainn gum bu chòir an sgoil ath-fhosgladh. Shaoil iad gum faodadh barrachd theaghlachan gluasad don sgìre nam biodh an sgoil fosgailte. Ma thèid an sgoil a dhùnadh bu mhath leotha an làrach atharrachadh gu goireas far an dèan iad gnìomhachdan às dèidh na sgoile.

## 3. Taobhan foghlaim den mholadh

3.1 Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh den bheachd gu bheil a' chomhairle air cùis reusanta a mhìneachadh airson Bun-sgoil Thoirbheartain a dhùnadh gu maireannach. Tha a' chomhairle air grunn bhuannachdan foghlaim a mhìneachadh a thig an lùib an dùnadh. Tha clann à sgìre Thoirbheartain an-dràsta a' frithealadh Bun-sgoil Shìldeig far a bheil iad a' faighinn cothrom cluich agus obair còmhla rin co-aoisean bho sgìre nas fharsaing. Chaidh Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Shìldeig ùrachadh o chionn ghoirid agus tha i a' tabhann àrainneachd ionnsachaidh thaitneach. Thog cuid de luchd-ùidh beagan dragh mu na h-ullachaidhean airson biadh, gainnead pàircidh agus an uiread trafaig air an rathad ri taobh na sgoile. Ach, tha fearann na sgoile tèarainte agus a bharrachd air an raon-cluiche tha cothrom aig clann air raon-cluiche coimhearsnachd airson gach aimsir dìreach ri taobh na sgoile. Tha clàr sgoilearan nas cunbhalach aig Bun-sgoil Shìldeig na bhiodh aig Bun-sgoil Thoirbheartain nam fosgladh i a-rithist. Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil clann à sgìre Thoirbheartain a' faighinn buannachd bho bhith ag ionnsachadh còmhla rin co-aoisean à sgìre Shìldeig. Ach, na mholadh dh'innis a' chomhairle gu bheil meud na sgoile a' cur bacaidhean mòra air buileachadh soirbheachail a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Chan eil Luchd-sgrùdaidh an Rìgh ag aontachadh gu bheil clàr-sgoile beag ann fhèin na bhacadh susbainteach air buileachadh a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.

3.2 Tha luchd-ùidh a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh an Rìgh a' tuigsinn nan dùbhlain a tha mu choinneamh na comhairle ann a bhith a' toirt seachad foghlam ann an sgìrean dùthchail iomallach.

Uile gu lèir, tha cha mhòr na h-uile a' gabhail ris a' mholadh Bun-sgoil Thoirbheartain a dhùnadh gu maireannach. Bha beachdan measgaichte aig clann à sgìre-sgoile Thoirbheartain a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh an Rìgh mun mholadh. Bha iad toilichte smaoineachadh air Bun-sgoil Thoirbheartain ag ath-fhosgladh ach cuideachd bha iad a' faireachdainn gum biodh iad ag ionndrainn an caraidean aig Bun-sgoil Shìldeig nan tachradh sin. Tha iad socraichte ann am Bun-sgoil Shìldeig agus bhruidhinn iad gu toilichte mun luchd-teagaisg aca.

3.3 Bhruidhinn luchd-ùidh a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh an Rìgh mun fheum gum biodh a' chomhairle ag obair leis a' choimhearsnachd gus planaichean nas fharsainghe a stèidheachadh airson sheirbheisean air feadh na sgìre. Tha dragh orra mun phàtran de sholarachadh sgoiltean san sgìre leis a' mholadh seo airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain a dhùnadh gu maireannach na phàirt dheth. Tha Bun-sgoil Thoirbheartain suidhichte eadar Bun-sgoil Shìldeig, far a bheil clann na sgìre a-nis a' dol don sgoil, agus Bun-sgoil Cheann Loch lù. Chaidh Bun-sgoil Cheann Loch lù a dhùnadh gu sealach as t-samhradh 2022. Thuirt grunn luchd-ùidh gu bheil coltas ann gur e togalach agus suidheachadh sgoil Thoirbheartain an roghainn as fheàrr mura biodh ach aon de na trì fosgailte. Ach, tha iad a' tuigsinn gu bheil, co-dhiù an-dràsta, a' mhòr-chuid den chloinn air feadh na sgìre fharsaing seo a' fuireach ann an sgìre Shìldeig. Tha am pàipear molaidh ag ràdh gu bheil comas aig làrach Thoirbheartain airson 25 pàiste, nas lugha na an clàr sgoilearan a thathar an dùil aig Bun-sgoil Shìldeig sna bliadhnaichean ri teachd. Tha dragh air cuid de luchd-ùidh mu dheidhinn dìth tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne ann an sgìrean Thoirbheartain agus Cheann Loch lù. Tha luchd-ùidh ag iarraidh a dhol an sàs barrachd leis a' chomhairle gus coimhead air cothroman foghlaim agus solar tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne thar sgìrean Shìldeig, Thoirbheartain agus Cheann Loch lù san fharsaingeachd.

3.4 Leis gum bi am moladh a' leantainn gu dùnadh sgoil dhùthchail, bheachdaich Luchd-sgrùdaidh an Rìgh cuideachd air na nithean air am bu chòir don chomhairle aire shònraichte a ghabhail. Bha clann agus daoine òga à sgìre-sgoile Thoirbheartain a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh an Rìgh diombach a thaobh mar a tha dìth còmhhdail a' cur bacadh air na cothroman aca pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan taobh a-muigh na sgoile. Bhruidhinn iad cuideachd mu thursan gu math duilich don sgoil bho àm gu àm, gu sònraichte sa gheamhradh. Ach, chan eil iad den bheachd gum biodh ath-fhosgladh Bun-sgoil Thoirbheartain na fhuasgladh iomlan air seo. Faodaidh beagan cloinne a tha a' frithealadh Bun-sgoil Shìldeig bho sgìrean-foghlaim Thoirbheartain agus Cheann Loch lù a bhith a' siubhal nas fhaide na 30 mionaid don sgoil, gu sònraichte ann an droch shìde. Tha a' chomhairle ag ràdh nam biodh Bun-sgoil Thoirbheartain ag ath-fhosgladh nach biodh ach aonan den chòignear cloinne san sgìre airidh air còmhhdail sgoile seach an còignear gu lèir san sgìre a tha ga faighinn an-dràsta. Bhiodh tursan sgoile nas giorra aca uile. Ach, tha coltas ann gun cuireadh cleachdadh lùtha ann a bhith ag ath-fhosgladh agus a' ruith na sgoile a' lughdachadh nam buannachdan àrainneachdail a thigeadh bho na tursan nas giorra seo.

3.5 Tha a' chomhairle air conaltradh leis a' choimhearsnachd a thaobh a' mholaidh seo agus roghainnean eile seach dùnadh. Tha an làrach air a bhith gun chleachdadh airson bhliadhnaichean agus tha riochdairean coimhearsnachd a-nis ag iarraidh gun tèid an suidheachadh fhuasgladh. Tha buidhnean coimhearsnachd airson dèanamh cinnteach gun tèid an togalach agus am fearann mun cuairt a chleachdadh air leas na coimhearsnachd agus nach tèid a reic airson cleachdadh malairteach. Tha Comhairle Choimhearsnachd Thoirbheartain agus Cheann Loch lù (TKCC) for-ghnìomhach ann a bhith a' beachdachadh air an dòigh a b' fheàrr làrach Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain a chleachdadh ma thèid am moladh seo aontachadh. Tha ionad coimhearsnachd ann an Thoirbheartain a tha a' tabhann grunnan sheirbheisean, leithid cafaidh. Tha TKCC a' rannsachadh an gabhadh làrach na sgoile a chleachdadh, gu ìre co-dhiù, gus cothroman foghlaim a sholarachadh agus a thogadh air na

thathar a' tabhann aig an ionad coimhearsnachd. Chuireadh iad fàilte air obair leis a' chomhairle agus sgoiltean ionadail gus seo a rannsachadh tuilleadh.

#### 4. Geàrr-chunntas

Tha Luchd-sgrùdaidh an Rìgh den bheachd gu bheil a' chomhairle air cùis reusanta a mhìneachadh airson Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Thoirbheartain a dhùnadh gu maireannach. Tha clann às an sgìre socraichte ann am Bun-sgoil agus Sgoil-àraich Shìldeig. Is toil leotha a bhith ag ionnsachadh còmhla ri co-aoisean bhon sgìre fharsaing. Tha luchd-ùidh a-nis gu ìre mhòr a' gabhail ri dùnadh na sgoile. Ach, tha iad airson obair leis a' chomhairle gus sgrùdadh ciamar as fheàrr a ghabhas solar tràth-ionnsachaidh agus cùraim-chloinne, agus solar sgoile air feadh na sgìre san fharsaingeachd, a chumail suas agus a leasachadh. Bu toil le clann à sgìre-foghlaim Thoirbheartain barrachd taic gus a dhol an sàs ann an ionnsachadh agus cothroman sòisealta taobh a-muigh na sgoile. Tha seo a' gabhail a-steach barrachd cothroman a bhith ann an sgìre Thoirbheartain agus còmhaidhail nas fheàrr gus an urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan ann an Sìldeag agus Geàrrloch. Tha buidhnean coimhearsnachd a' gabhail dòigh-obrach for-ghnìomhach a thaobh beachdachadh air mar a ghabhadh an togalach a chleachdadh air leas na coimhearsnachd. Ma thèid gabhail ris a' mholadh seo, bidh e cudromach gun obraich a' chomhairle le buill na coimhearsnachd, clann agus daoine òga nam measg, a thaobh cleachdadh na làraich san àm ri teachd. Bu chòir don chomhairle seo a dhèanamh ann an deagh àm gus nach tèid staid an togalaich am mìosad bho dhìth cleachdaidh.

#### Luchd-sgrùdaidh an Rìgh An Cèitean 2023